

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Iain Garbh (3)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 718. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 414 corresponds to Litir 718.*

Bha mi ag innse dhuibh mu chall Iain Garbh Mac 'Ille Chaluim Ratharsair, far costa ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich ann an sia ceud deug, seachdad 's a h-aon (1671). Chaidh a' bhirlinn aige fodha, le call a h-uile duine air bòrd.

Bhathar a' coireachadh diofar rudan airson a' chall – droch shìde (bha gèile ann), cus canbhais air a' chrann, nach robh balaist gu leòr aca, agus droch sgilean seòlaidh aig a' chriudha. Bhathar a' coireachadh deoch làidir cuideachd, oir bha hòro-gheallaidh aca air a' chladach mus do sheòl iad dhachaigh.

Dh'fhàg an call mòran dhaoine air taobh an iar na Gàidhealtachd troimhe-chèile, oir bha spèis is gràdh aca do dh'Iain Garbh. A rèir beul-aithris ann an Ratharsair, sgrìobh tè de pheathraichean Iain cumha ùr dha a bràthair a h-uile Dihaoine airson bliadhna. 'S ann air Dihaoine a chaidh a bhàthadh.

Tha dìreach ceithir de na dàin againn a-nise. 'S e fear dhiubh 'Mi am Shuidh' air an Fhaoilinn'. Seo an rann mu dheireadh dheth:

*Nochd is ìosal do chluasag,  
Air leacan fuara na tuinne,  
'S ann an clachan gun tràghadh,  
Tha mo ghràdh-sa air uirigh.*

Leis gun robh Iain Garbh cho ainmeil, thòisich an sluagh air stòiridhean innse mu dheidhinn. Agus bha ar sinnsirean **cho làn sgeulachdan 's a tha an t-ugh de bhiadh**. Ann am beul-aithris, nochd stòiridhean mu **bhàs a' chinn-chinnidh**. Agus chan e droch shìde, dìth sgilean, droch bhàta no deoch làidir a bu choireach – ach buidseachd! Bhathar a' coireachadh a mhuime. Airson adhbhar air choreigin, bha Iain agus a mhuime air a dhol a-mach air a chèile.

A rèir nan stòiridhean seo, bha muime Iain a' fuireach ann an Trondaigh. 'S e sin eilean beag faisg air costa tuath an Eilein Sgitheanaich. 'S ann faisg air Trondaigh a chaidh a' bhirlinn fodha.

Chunnaic a mhuime a' bhirlinn agus dh'adhbharaich i stoirm. Chuir i bainne ann an bobhla mòr, agus chuir i soitheach beag fiodha air uachdar a' bhainne. Chuir i an soitheach fo gheasaibh. Thòisich an soitheach air a dhol timcheall a' bhobhla – deiseil, an uair sin tuathal. An uair sin, rinn an soitheach car agus chaidh e fodha sa bhainne.

Bha buachaille òg aig an doras. Bha e a' coimhead air an dà chuid, birlinn Iain Ghairbh aig muir agus soitheach a mhuime anns an taigh. Nuair a chaidh an soitheach fodha sa bhainne, dh'fhalbh birlinn Iain à sealladh.

Anns a' bhirlinn fhèin, bhathar ag ràdh gun robh fithich air nochdadh anns an stoirm. Bha suas ri fichead dhiubh ann. Chaidh iad air bòrd na birlinn. Rinn feadhainn cruth-atharrachadh, agus coltas an losgair orra a-nise.

Chaidh fitheach mòr faisg air Iain Garbh fhèin. Sheas an t-eun dubh air beul-mòr na birlinn. Tharraing Iain a chladheamh airson a mharbhadh. Ach bha e air fàs feargach agus bha a bhuille ro làidir. Chaidh lann a' chladheimh tro shlige na birlinn. Stad e dìreach aig

druim a' bhàta. Bha a-nise sgoltadh mòr anns an t-slige, agus cha b' fhada gus an deach a' bhirlinn fodha.

B' e sin deireadh Iain Ghairbh, co-dhiù a rèir beul-aithris. Cha robh riamh ceann-cinnidh Ratharsaireach cho ainmeil ris. Ainmeil na bheatha is ainmeil na bhàs.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Ratharsair: *Raasay*; gèile: *a gale*; balaist: *ballast*; hòro-gheallaidh: *celebration, party*; troimhe-chèile: *deeply upset*; buidseachd: *witchcraft*; Trondaigh: *Trodday*; bana-bhuidsich: *witches*; buachaille: *herding boy*; fithich: *ravens*; beul-mòr: *gunwale*; druim: *keel*; sgoltadh: *split*.

**Abairtean na Litreach:** far costa ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich: *off the north coast of the Isle of Skye*; chaidh a' bhirlinn aige fodha: *his birlinn sank*; call a h-uile duine air bòrd: *the loss of everybody on board*; bhathar a' coireachadh diofar rudan: *different things were blamed*; cus canbhais air a' chrann: *too much canvas up [on the mast]*; sgrìobh tè de pheathraichean Iain cumha ùr dha a bràthair a h-uile Dihaoine: *one of Iain's sisters wrote a new lament for her brother every Friday*; nochd is ìosal do chluasag: *tonight your pillow is low*; air leacan fuara na tuinne: *on the cold slabs of the wave*; 's ann an clachan gun tràghadh: *it's in a graveyard without ebbing*; [a] tha mo ghràdh-sa air uirigh: *that my love is stretched on a couch*; chan e droch shìde a bu choireach: *it's not bad weather that was responsible*; bha Iain agus a mhuime air a dhol a-mach air a chèile: *Iain and his foster-mother had fallen out with each other*; chuir i an soitheach fo gheasaibh: *she put a spell on the vessel*; deiseil, an uair sin tuathal: *sunwise and then anti-sunwise*; rinn an soitheach car: *the vessel overturned*; dh'fhalbh birlinn Iain à sealladh: *Iain's birlinn disappeared*; rinn feadhainn cruth-atharrachadh, agus coltas an losgainn orra: *some of them transformed themselves into frogs*; chaidh lann a' chlaidheimh tro shlige na birlinn: *the blade of the sword went through the birlinn's hull*; ainmeil na bheatha is ainmeil na bhàs: *famous in [his] life and famous in [his] death*.

**Puing-chànain na Litreach:** nochd stòiridhean mu bhàs a' chinn-chinnidh: *Stories appeared about the death of the clan chief*. Ceann-cinnidh 'head of clan' is an expression meaning 'clan chief'. In this compound noun, cinneadh is always in its genitive singular form cinnidh, effectively acting like an adjective describing ceann. The basic noun of the two-noun compound is therefore ceann and it is this word that inflects according to case. Thus we get bàs a' chinn-chinnidh where the compound ceann-cinnidh is in the genitive singular. Ceann inflects to a' chinn and cinnidh remains the same, except that we lenite it according to the rules for leniting an adjective with a noun eg fear a' chinn mhòir 'the man of the big head' (mòr becomes mhòir).

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** cho làn sgeulachdan 's a tha an t-ugh de bhiadh: *as full of stories as the egg is of food*.

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA*